

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2023 | 1 | AM MÀRT

LE TAIC BHO



Facal Toisich

Ann an diofar àiteachan san Sgrìobtar, chithear a' bheatha seo air a samhachadh mar thuras, gu sònraichte turas tro thìr chèin, no tron fhàsach. Anns an litir a-chum nan Eabhraidheach, tha sinn a' leughadh mun fheadhainn a fhuair bàs ann an creideamh ann an eachdraidh Israeil, gun robh iad *nan luchd cuairt agus nan coigrich air thalamh. Oir tha an fheadhainn a bhruidhneas mar seo a' foillseachadh gu bheil iad a' sireadh an dùthaich fhèin. Agus nan robh iad a' smaoinichadh air an tìr às an tàinig iad, bhiodh iad air cothrom fhaighinn airson tilleadh. Ach bha iad a' miannachadh tìr na b' fheàrr, 's e sin, tìr nèamhaidh.* (Eabh. 11: 13 - 15). Bhiodh luchd-leughaidh na litreach mion-eòlach air eachdraidh a' chinnidh fhèin, mar a dh'fhàg Abrahàm a dhùthaich fhèin, mar a chaidh clann Israeil tron fhàsach, mar a chaidh an toirt ann am braighdeanas do Bhàbilon - agus mar a bha iad fhèin air an sgapadh air feadh an t-saoghail Ròmanaich, eadar Alecsandria anns an Èiphit agus Persia, eadar Galatia nan Ceilteach agus na h-Innseachan, eadar Armenia agus Baile na Ròimhe fhèin. Bhiodh eòlas aca - an dà chuid eachdraidheil agus pearsanta - air na a bha e a' ciallachadh a bhith air cuairt ann an tìrean cèine. Dh'fhiosraich iad fògarrachd. Dh'fhiosraich iad, tha sinn cinnteach, cianalas (Aig sruthan coimheach Bhàbiloin, shuidh sinn gu brònach bochd; An sin air Sion chuimhnich sinn, is ghuileadh leinn gu goirt. - Salm 137: 1).

Tha an sgrìobhadair ag ràdh gur e rud coitcheann a bha sin ann an eachdraidh nan Eabhraidheach, agus gu ìre tha


mac-talla air seo ann an eachdraidh ar dùthcha fhèin. Am bliadhna-sa bidh sinn a' comharrachadh ceud bliadhna on a sheòl am Metagama o Leòdhas, agus am Marloch o Uibhist, seòlaidhean a tha nan samhla air na mìltean is mìltean a dh'fhàg Alba thairis air na ginealaichean. Dh'fhalbh cuid dhiubh fo bhròn, cuid ann an dòchas, agus dh'fhàg iad uile beàrn nach gabh lìonadh às an dèidh. Tha sinn a' toirt taing, ged-tà, airson na feadhna - agus bha mòran dhiubh ann - a sheòl le earbsa anns an Tighearna, agus a thug fianais dha nan adhradh agus nam beathannan anns na coimhearsnachdan ùra a lorg iad thar a' chuain. Chaidh fuinn bhinn nan Salm a thogail do Nèamh air dhà thaobh na mara - agus, seadh, nas fharsaing na sin, agus 's e rud beannaichte a tha sin.

Ach cha robh sgrìobhadair na litreach dìreach a' coimhead air ais air eachdraidh a shluaigh fhèin. Bha fhios aige cuideachd gu bheil fògarrachd na gnìomh choitcheann ann an dòigh spioradail ann am beatha nan creidmheach. Tha sinn air cuairt a-chum rìoghachd nas fheàrr na tha air an talamh. Chan ann dhen t-saoghal seo a bhuineas sinn. Tha sinn a' miannachadh tìr as fheàrr. Agus tha gealladh againn gum biodh an Tighearna maille rinn air an t-slighe - mar a bha e maille ri clann Israeil san fhàsach, na sgòth tron latha agus na theine lasrach tron oidhche, tha a làthaireachd agus tha Fhacal maille air slighe na beatha seo. Agus tha seo ann: chan ann nar n-aonar a tha sinn a' siubhal, ach ann an cuideachd nan creidmheach anns gach linn agus anns gach àite, ann an co-chomann nan naomh, a' neartachadh agus a' brosnachadh càch a chèile air an turas.

A' guidhe gach beannachd oirbh,

**Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann**

Dealbh



© SimonP 2005. Eaglais Shaor-chlèireach Knox, Toronto

Tha ceud bliadhna air a' bhliadhna seo o sheòl S.S. Metagama à Leòdhas, le 300 duine air bòrd a' dèanamh air Canada. Chaidh Bioball a thoirt do gach eilthireach a' dol air bòrd an t-soithich airson taga a chumail rin creideamh air an turas thall thairis. Bha na Sailm gan seinn fhad 's a ghiùlnadh iad dhan t-soitheach agus chaidh searmon agus ùrnaigh a ghabhail air bòrd. Bha a' Chrìostaidheachd mar chlach-oisne dham beathannan agus lean iad rithe ann an Canada agus Aimeireaga. Mar eisimpleir, bhite ag ràdh gun robh coitheanal Eaglais Shaor Toronto, ceann-uidhe cuid a dh'imrich a nochdas san dealbh shuas, sna bliadhnaichean an dèidh na h-imrich a cheart cho Leòdhasach ris an eilean fhèin.

Gàidhlig Shìmplidh

An cuala tu mun *Mhetagama*? 'S e long a bh' innte. Tha e ainmeil oir, anns a' chiad phàirt den fhicheadamh linn, sheòl iomadh Gàidheal air a' bhàta sin a-null a Chanada. 'S e nàdar de shamhla a th' ann air eilthireachd an fhicheadamh linne. Dh'fhàg mòran dhaoine Alba, gu sònraichte anns na bliadhnaichean doirbh às dèidh a' Chogaidh Mhòir. Chaidh cuid a dh'Astràilia is Sealainn Nuadh, cuid a dh'Afraga a Deas, cuid a Chanada agus cuid eile do na Stàitean Aonaichte agus àiteachan eile. Ach ge b' e an t-àite dhan deach iad, thug iad leotha an cultar, an cànan agus an creideamh. Agus ge b' e an t-àite dhan deach iad, bha Dia còmhla riutha. 'S e gealladh a tha sin a tha againn san Sgrìobtar:

Do dhol a mach, 's do theachd a steach,
coimheadaidh Dia a ghnàth;

On aimsir seo a nis a th' ann,
's o sin a mach gu bràth.
(Salm 121: 8)

Beagan cuideachaidh

samhla - symbol

eilthireachd - emigration

An Cogadh Mòr - the First World War

ge b' e an t-àite - wherever

thug iad leotha - they took with them

gealladh - promise

coimheadaidh - will watch

a-ghnàth - always

aimsir - can mean 'weather', but here means 'time'

Gàidhlig Chlasaigeach

Creud nan Abstol (1567)

Creidim i nDia Athar uile-chumhachtach, cruithuightheòir neimhe agus talmhan, agus a n-losa Crìosd, a én-Mhac-soin, ar dTighearna, neoch do gabhadh ón Sbiorad Naomh, agus rugadh lé Muire Oigh, d'fhulaing páis fá Phoinc Phioláid, do césadh, fuair bás, agus do h-adhluiceadh; do-chuaidh síos a n-ifreand, an treas lá do éiridh ó bhás, agus do-chuaidh suas ar neamh, do tsuidh ar deis Dé Athar uile-chumhachtaigh, as sin thuicfas do bhreith bhreithe ar bheòibh agus ar mharbhaibh. Creidim andsa Sbiorad Naomh, agus an Eaglais naomhtha go h-uilidhe, comaoineachadh na naomh, maitheamh na peacadh, eiséirighe cholla na marbh, agus an bheatha tsuthain. Bíodh amhluidh.

Notaichean

én-Mhac-soin - aon-Mhac-san

neoch do gabhadh - a ghineadh

páis - pian, fulangas (on Laideann passio - tha am facal seo fhathast air a chleachdadh ann an Uibhist a Deas, Barraigh agus Èirisgeidh)

thuicfas - thig e (tha na "f-futures" fhathast cumanta ann an Gàidhlig na h-Èireann)

cholla - corp

suthain - sìorraidh

Bíodh amhluidh - Amen

Tha -nd- cumanta far a bheil -nn- againn an-diugh, m.e. ifreand (lfrinn), andsa (anns an).

Bho *Foirm na n-Urrnuidheadh* le Eòin Carsuell, 1567, td. 35. B' e sin leabhar ùrnaigh na h-eaglaise ath-leasaichte ann an Alba, agus b' e an t-eadar-theangachadh aig Carsuell a' chiad leabhar a chaidh fhoillseachadh ann clò ann an Gàidhlig ann an Alba no ann an Èirinn. (SGTS, deas. RL Thomson, 1970).

Lèirmheas leabhair

Rosemary Power, *Image & Vision: reflecting with the Book of Kells* (Baile Àtha Cliath: Veritas Publications, 2022) 171 tdd. Anns a' Bheurla.

Tha cliù mòr aig Eilean Ì Chaluim Chille ann an eachdraidh na h-eaglaise – agus chan ann a-mhàin ann an saoghal nan Gàidheal. O linn Chaluim Chille fhèin, tha an t-eilean air a bhith ainmeil airson na bh' ann de sgoilearachd, de dh'obair-ealain, de litreachas (an dà chuid ann an Laideann agus ann an Seann Ghàidhlig) agus airson naomhachd agus èifeachd na h-eaglaise ann. Am measg nan rudan as cliùitiche a thàinig (thathar am beachd) às an eilean beag bhòidheach sin tha Leabhar Cheannanais Mhòir, làmh-sgrìobhainn nan Soisgeul a chaidh a dhèanamh mu thimcheall air a' bhliadhna 800, sgeadaichte is loma-làn de dhealbhan grinn, sgrìobhadh ealanta agus dathan glòrmhor air gach duilleag. Gu deimhinne, tha àite aig an leabhar sin am measg nan ionmhasan as prìseile a tha againn on Roinn Eòrpa air fad anns na meadhan aoisean.

Tha an t-Oll. Rosemary Power air leabhar ùr a sgrìobhadh air an làmh-sgrìobhainn ainmeil seo. Agus ged a tha rudan ann ris am biodh sibh an dùil – eachdraidh an leabhair, deasbaidh air cò às an tàinig e, mar a chaidh a dhèanamh agus mar sin air adhart – is ann air rudan eile tha Power a' cur cuideim, agus cha do leugh mi a-riamh leabhar dhen leithid a tha a-mach air Leabhar Cheannanais Mhòir. 'S e th' ann ach meòrachadh, le dà chaibideil dheug (a' chuid as motha den leabhair) a' sgrùdadh dà dhuilleag dheug gu mionaideach. Bidh Power a' beachdachadh air gach aon de na duilleagan seo, a' meòrachadh air na dealbhan, air an co-theacsa anns an t-Soisgeul, air na dòighean anns an deach firinn agus dìomhaireachd an t-Soisgeul a chur an cèill ann an obair-ealain ann an dòigh a tha cho grinn agus fhathast drùidhteach dhuinn an-diugh.

Tron obair aice, tha sinn a' faicinn nan dòighean anns robh muinntir na h-eaglaise anns an linn sin a' tuigsinn an t-Soisgeil agus beatha Chrìosd, a' toirt a-steach dìleab athraichean na h-eaglaise agus bàrdachd spioradail Ghàidhealach o na meadhan aoisean (anns an dà chuid Laideann agus a' Ghàidhlig): tha iad seo uile a' tighinn còmhla anns na dealbhan, dealbhan a bha a' mineachadh agus a' soillearachadh an teacsa, na saothrach iomadh-fhillte agus smaoinichail. Leis an Oll. Power gar treòrachadh tron eachdraidh agus co-theacsa, chì sinn beagan den eaglais mar a bha i anns na linntean tràtha sin, nuair a thàinig an Soisgeul don tìr seo.

Mholainn an leabhar seo do neach sam bith aig a bheil ùidh ann an eachdraidh agus ealan na h-eaglaise, agus anns an dàimh a th' ann eadar creideamh agus ealan.

Chithear Leabhar Cheannanais Mhòir air fad saor an asgaidh air loidhne air làrach-lìn Colaiste na Trianaide an-seo: <https://digitalcollections.tcd.ie/concern/works/hm50tr726?locale=ga>

Searmon beag

Mata 7: 24 – 29 (An luchd-togail glic agus amaideach): Pàirt a h-Aon

Mar sin a h uile neach a chluinneas na briathran seo agamsa, agus a nì iad, bidh e coltach ri duine glic a thog a thaigh air a' chreig...

Anns a' chosamhlachd seo, tha Ìosa a' cur crìoch air an t-Searmon air a' Bheinn, an searmon anns an do chuir e an cèill brìgh a theagasg mhoralta, agus mar an tèid an lagh a choileanadh ann an solas an t-Soisgeil.

Agus is e seo an co-dhùnadh: Thèid ar measadh a rèir ar freagairt do fhacal Ìosa, 's e sin ri ràdh: dhan ìre a ghabhas sin ri a theagasg agus chan ann a-mhàin sin, ach dhan ìre a chuireas ann an gnìomh sinn iad.

Tha ciall na cosamhlachd soilleir: an diofar a bhios ann eadar an fheadhainn a chualas faclan Ìosa a-mhàin, agus an fheadhainn a chualas agus a chuireas an gnìomh an nì a chuala iad (tha sin coltach ri cosamhlachd an fhir a chaidh a-mach a chur sìl – oir ann an sin cuideachd b' e an aon teachdaireachd a bh' ann (an sìol, an soisgeul) ach cha robh gach pìos fearainn cho torrach 's bha gach pìos eile, air diofar adhbharan).

Agus b' fhiach e smaoinichadh air seo, oir chan eil Ìosa a' dèanamh coimeas eadar an neach a chuala an soisgeul agus an neach nach chuala. Chan eil e ag ràdh, "is e an Crìosdaidh a th' anns an fhear-togail glic, agus am fear-togail amaideach – is esan an neach nach tàinig faisg air eaglais agus nach tug aire sam bith do na thuirt agus na rinn mi." Chan e sin na chur e an cèill idir. Bha e a' toirt rabhaidh dha na bha anns an èisteachd, ag innse dhaibh nach robh e gu leòr dìreach a bhith a' cluinntinn na thuirt e. Cha robh e gu leòr dìreach a' bhith fo iongnadh ro na mìorbhailean. Cha robh e gu leòr, fiù 's a bhith am measg an dà-fhear-dheug – oir bha fios aig Ìosa gun robh fear nam measg a bha cailte, agus chuala esan Ìosa gach latha fad trì bliadhna. Agus an-diugh, chan eil e gu leòr a bhith a' frithealadh na h-eaglaise, ag èisteachd ri searmon – no, seadh, a' lìbhrigeadh searmoin. Tha sinn a' creidsinn ann an Dia, tha sinn ag ràdh? Glè mhath, cha tèid sinn air adhart idir as aonais a' chreideimh sin: *ach tha fiù 's na deamhain a' creidsinn, 's a dol air chrith* (Seumas 1:22).

Ach dè tha sin a' ciallachadh? Ann an Lùcas 4: 14 – 21, tha sinn a' leughadh mu shearmon eile, far an tuirt Ìosa, "An diugh chaidh an Sgrìobtar seo [Isaiah 61: 1 -2] a choileanadh nur n èisteachd se."

Chì sinn gu bheil Facal Dhè – an lagh agus na fàidhean – a' tighinn còmhla ann am pearsa Chrìosd. Agus nach eil e inntinneach gun do chuir Ìosa an cèill cò a bh' ann, agus toiseach na Rìoghachd an seo a bruidhinn – chan ann air peacadh agus breitheanas, chan ann fiù 's air gràs agus mathanas – ach le deagh sgeòil dhaibh am bochdainn, agus saorsa dhaibh fo bhraighdeanas, agus mar sin air adhart? Mura h-eil ar Soisgeul-ne, an Soisgeul a tha sinn a' searmonachadh anns an eaglais, an Soisgeul a tha sinn a' foillseachadh nar beathannan o latha gu latha a' dèanamh an aon rud, a bheil sinn ann an da-rìreadh a' cur an gnìomh an fhacail? Càite a bheil sinn a' togail ar taighe?

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Adhbhar gaire

Uair a bha seo bha feadhainn à Beàrnaraigh na Hearadh thall ann an Leòdhas ris an iasgach. Bha Latha na Sàbaid ann agus chaidh iad air tìr a dh'fhalbh dhan choinneamh a ghabhail an leabhair. Bha sin glè mhath. Bha cailleach ann a thòisich a' faighneachd do bhodach, "dè air thalamh" ars ise "a chuir an Sasannach ud dhan choinneamh an-diugh?". Bha ise am beachd gum b' e Sasannach a bh' anns a' choigreach Bheàrnach. "O a chreutair thruaighe", ars am bodach, "nach eil pàirt de na Sasannaich a tha sin cho math rinn fhèin. Bidh iad ann an glòir a cheart cho cinnteach rinn fhèin." "O" ars a' chailleach "bha mi an dùil riann nach biodh ann ach Leòdhasaich is beagan Hearach!"

Seonaidh MacCoinnich (fiosraiche), Iain Peadarsan (Neach-clàraidh), SA1970.293.B13, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/60080>

Bàrdachd

Naomh, Naomh an Tighearna Dia ta riaghladh talamh 's Nèamh, Naomh tha Phearsachan Glòrmhor tha ri còmhnaidh tharrainn fèin, Naomh ta Mhic ta pòsta ris 's tha còmhnaidh ann gach rè, 'S rinn fuil an Uain chaidh dhòrtadh orr' iad Fìor-ghlan, fìreant', sèimh.

Thog Fuil an Uain chaidh dhòrtadh gruaim o Ghnùis an Dia ta tàmh, Measg Ainglibh Naomh na siorraidheachd tha ciatach ghnàth na làthair,

Thog Fuil chaomh an t-Slànaighear an diomb o Ghnùis gu bràth, Bha 'n aghaidh a mhuinntir bheannaichte a sgar E mach o chàch.

Iadsan uile om faigh E toradh nì E glanadh o an Ùir, Mar chaidh an glanadh on pheacadh ann an là bliadhna Ùir,

Nì E togail suas on duslach le Corp Fìor-ghlan sìtheil ciùin, Gu bhì seinn nan òran taitneach anns a' Bhaile mhòr ta naomh.

Cumhachd a thogas suas iad o ghlaiss na h-uaigh' sa bhàis, Chan urrainn sinn idir, idir a luaidh oir tha buaidh leis 's bitheadh gu bràth, Bithidh iad air an cumail suas leis an Uaisleachd 's ann an gràdh, 'S bithidh glòir a' chuspair a ghabh truas riu gan cuartachadh gun tàmh.

O, an sonas bith-bhuan a chruthaich uaisleachd flaitheas Dhè, Do na cuspairean uasal ta gabhail cuairt an seo sa Chrè, O, chan urrainn sinn idir a luaidh bheir e bith-bhuantachd dhaibh fhèin, Le cridh' taingeil cha bhì gruaim orr' tabhairt suas an cliù dha fèin.

On laoidh, "Òran don Chreideamh Chrìosdail" le Iain Beag Fhionnlaigh, Bràgar, Eilean Leòdhais (Tha nòta ann: "Tune resembles *Falt trom, trom dualach*")

Ùrnaigh

A Thighearna, tha sinn a' toirt taing dhut, oir tha thusa an còmhnaidh maille rinn.

Ge b'e an àite far a bheil sinn, ge b'e na rudan a dh'fhiosraicheas sinn, tha thu maille rinn.

Gheall thu dhuinn nad Fhacal fhèin: *Chan fhàg mise thu, agus cha trèig mi thu.*

Agus tha sinn a' cuir ar n-earbsa annad agus nad gheallaidhean.

Treòraich sinn, a Thighearna, a-chum do Rìoghachd, bidh maille rinn air an t-slighe, agus nuair a thèid sinn air seachran, gairm sinn air ais thugad.

Bidh maille rinn, a Thighearna, nad ghràs, nad ghràdh agus nad neart.

Amen.